

Comataidh Thuarastal

20/11/25, 1400-1530

Teams

Dreach geàrr-chunntas

Bòrd: Calum Steele (sa Chathair); Iain Moireasdan; Marion Nic na Ceàrdaich

Luchd-obrach: Dòmhnall Caimbeul [DC] (Àrd-Oifigear)

Sarah NicDhòmhnaill [SMD] (Ceannard Ionmhais & Dearbhaidh)

Mairi Anna NicAonghais [MAMI] (a' sgrìobhadh geàrr-chunntas)

Chur Cathraiche a' Bhùird fàilte air buill chun chiad choinneamh den Chomataidh.

1. Leisgeulan

1.1 Calum MacLeòid.

2. Gnothaichean dearbhte

2.1 Cha robh gin.

3. Stèidheachadh

Rùn agus Dleastanas na Comataidh

3.1 Bha pàipear air beulaibh bhall a bha a' moladh

- a) Cur an dreuchd cathraiche na Comataidh;
- b) Rùn agus Dleastanas na Comataidh;
- c) Atharrachadh ann an:
 - a. Rùn Chomataidh Lèirsinn ri linn a' Chomataidh ùr seo;
 - b. Sgeama Tiomnachaidh & Rianachd, agus
 - c. Gnàth Riaghailtean .

3.2 **Co-dhùnadh:** chaidh Calum Steele a mholadh mar chathraiche na Comataidh le Iain Moireasdan, daingnichte le Marion Nic na Ceàrdaich. Chaidh aontachadh ri na molaidhean.

3.3 **Gnìomh:** thig an Rùn agus an atharrachaidhean eile air adhart gu coinneamh a' Bhùird airson aithne fhoirmeil, agus thèid am foillseachadh air làrach-lìn na buidhne. (MAMI)

4. Bannan Pàighidh & Frèam Chomasan

- 4.1 Bha pàipear air beulaibh bhall le fiosrachadh air bannan pàighidh, le moladh gun deigheadh sìneadh oifigeil a dhèanamh air Bann E (gu Bann E+), airson aithneachadh a dhèanamh air tuarastalan a tha nas àirde na an sgèile.
- 4.2 Chaidh innse gun deach an siostam pàighidh a chur air bhog ann an 2015 agus gu robh e ag obair gu math, ach gu robh am mullach aig Bann E ro ìosal airson a' mhargaidh obrach anns a bheil MG ALBA.
- 4.3 Chaidh a dhaingneachadh nach robh sìneadh Bann E a' toirt buaidh gu h-ionmhasail aig an àm seo, agus nach robh neach sam bith a' faighinn àrdachadh pàighidh ri linn.
- 4.4 Chaidh e cuideachd a dhaingneachadh gu robh am bann seo fosgailte gu duine sam bith sa bhuidheann, seach sgiobaidhean fa leth. Thèid seo a dhèanamh soilleir nuair a thèid seo air adhart chun Bhùird.
- 4.5 Bha pàipear cuideachd air beulaibh bhall le fiosrachadh air Frèam-obrach Chomasan agus chaidh deasbad a chumail. Bheir am Frèam-obrach Chomasan stiùir do luchd-obrach air an ìre dùil a tha air dreuchdan aig diofar bannan pàighidh and stiùir dhaibhsan a tha amasach airson adhartas a dhèanamh nan dreuchdan. Thèid a chur gu dol bhon Fhaoilleach 2026 an dèidh co-chonaltradh le luchd-obrach.
- 4.6 **Co-dhùnadh:** bha buill riarachtaichte.
- 4.7 **Gnìomh:** thig seo air beulaibh a' Bhùird air 4/12/25. (MAMI)

5. Poileasaidh Pàighidh 2026-27

- 5.1 Bha pàipear air beulaibh bhall a' mìneachadh stiùir poileasaidh Riaghaltas na h-Alba agus na co-dhùnaidhean a dh'fheumadh MG ALBA a ghabhail a thaobh pàigheadh airson 2026-27, agus chaidh deasbad a chumail.
- 5.2 Chaidh moladh coimhead air structaran ioma-bhliadhnail agus air an fhiosrachaidh a tha air an ONS agus SPICe mu phàigheadh thairis air an roinn phoblaich agus phrìobhaidich.
- 5.3 **Co-dhùnadh:** thèid iarraidh air Arena HR beachdachadh air rannsachadh a dhèanamh agus aithisg ghoirid a chur ri chèile airson meadhan an Fhaoilich stèidhichte air 1) duaisean pàighidh anns na roinnean poblach agus meadhanan a tha co-cheangailte ri MG ALBA; 2) comhairle no roghainnean airson poileasaidh pàighidh MG ALBA airson 2026-27, me ceudad, a' cumail sùil air stiùireadh poileasaidh pàighidh Riaghaltas na h-Alba; 3) beachdachaidhean a thaobh duaisean pàighidh eadar-dhealaichte, gu sònraichte do luchd-obrach le tuarastal ìosal; 4) molaidhean airson pàigheadh an àrd-sgioba gnìomh.
- 5.4 **Gnìomh:** bidh seo air clàr na h-ath choinneimh airson co-dhùnadh. (DC)

6. Sochairean

- 6.1 Bha pàipear air beulaibh na Comataidh le fiosrachadh mun sgrùdadh air sochairean luchd-obrach a chaidh a dhèanamh leis an roinn ionmhais, le taic bhon taobh a-muigh.
- 6.2 Chaidh deasbaid a chumail mu na roghainnean eile far a bheil luchd-obrach a' faighinn buannachd à nithean, nithean nach eil gu sònraichte a' cosg dad, leithid làithean far a bheil an sgioba a' tighinn còmhla.
- 6.3 Chaidh faighneachd an robh luchd-obrach a' cur beachdan a-steach airson dad sònraichte co-cheangailte ri sochairean. Chaidh innse gu bheil beachdan a' tighinn bho bhuidhnean in-thaigh airson deuchainn meidigeach, le cuid eile airson cùram prìobhaideach meidigeach fhaighinn.
- 6.4 Chaidh aithneachadh gu robh siostam ballrachd *gym* feumach air cothromachadh.
- 6.5 **Co-dhùnadh**: thèid beachdachadh air 1) roghainnean airson cothromachadh air ballrachd *gym*; 2) deuchainn meidigeach bliadhnail agus 3) poit airson tachartasan luchd-obrach.
- 6.6 **Gnìomh**: thèid na roghainnean a sgrùdadh leis a' Bhuidheann Leasachaidh Leantainneach ann an 2026 agus tillidh seo chun na h-ath choinneimh. (SMD)

7. Plana Obrach na Comataidh

- 7.1 **Co-dhùnadh**: aontaichte.

8. GISBE

Cha robh gin.

9. Deit na h-ath choinneimh – tbc

Ainm sgrìobhte a' chathraiche: